

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

BÒRD NA GÀIDHLIG - BRATH NAIDHEACHD – CLEACHD SA BHAD

A' GHÀIDHLIG A' CUNNTADH SA CHUNNTAS-SLUAIGH – 21 Am Màrt 2011

Mar a tha latha a' Chunntais-sluaigh a' tighinn dlùth air 27 Màrt 2011, tha Bòrd na Gàidhlig a' cur meal-a-naidheachd air Oifis a' Chunntais-sluaigh ann an Alba airson an iomairtean a thaobh foillseachaidh air a' Chunntas-sluaigh agus gu h-àraid air na ceistean co-cheangailte ri Gàidhlig.

Tha Oifis a' Chunntais air bileagan Gàidhlig/Beurla a chruthachadh, air bùithtean-obrach a chur an gnìomh gus taic a thoirt do dhaoine am foirmean cunntais a lìonadh a-steach ann an Gàidhlig air-loidhne, agus air sgrùdadh-cùise a chlàradh air an làraich-lìn aca gus cleachdadh air dàta cunntais a thaisbeanadh ann an cur Plana Nàiseanta na Gàidhlig ri chèile.

Tha Ceist 16 sa Chunntas a' toirt cothrom do gach neach ann an Alba clàradh an urrainn dhaibh a' Ghàidhlig a thuigsinn, a labhairt, a leughadh no a sgrìobhadh. Ann an Ceist 18, faodaidh daoine a chlàradh cuideachd ma tha iad a' cleachdadh Gàidhlig san dachaigh, oir tha a' cheist a' faighneachd a bheil iad a' cleachdadh cànan eile seach Beurla san dachaigh. Tha gach ceist buntainneach do dh'inbich agus do chloinn, do dh'fhileantaich dùthchasach agus do luchd-ionnsachaidh.

Thuir Ceannard Bhòrd na Gàidhlig, Iain Aonghas MacAoidh,: “Tha e glè chudromach gum fiosraich daoine don Chunntas ma tha comas aca ann an Gàidhlig agus ma tha iad a' cleachdadh Gàidhlig san dachaigh. Faodaidh pàtran an a thaobh comas sa chànan agus cleachdadh san dachaigh air feadh Alba a bhith glè eadar-dhealaichte, a rèir nan àireamhan agus aoisean dhaoine ann an dachaighean, eadar gu bheil aon neach, dithis no barrachd dhaoine le Gàidhlig, no fiù suidheachaidhean far a bheil clann le Gàidhlig a tha a' faotainn foghlam tron Ghàidhlig ged a bhiodh daoine eile san dachaigh gun Ghàidhlig sam bith no le glè bheag de Ghàidhlig. Tha an toinneamh seo sa ghnothach ga dhèanamh fiù 's nas cudromaiche gum bi an cothrom againn air an fhìor dhealbh a chur ri chèile, gus am bi sinn fhìn agus solaraichean eile sheirbheisean is ghoireasan comasach air dèiligeadh leis an t-suidheachadh mar a tha e.

Aig coinneamh o chionn ghoirid, dhaingnich am Bòrd cudromachd a' Chunntais a thaobh a bhuaidh air a' Ghàidhlig. Tha am Bòrd air taic a chur ri Oifis a' Chunntais ann an diofar

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



dhòighean ann a bhith a' foillseachadh a' Chunntais; air ìmpidh a chur air daoine am foirm Cunntais aca a lìonadh a-steach; clàradh ann an Ceist 16 ma tha comas aca ann an Gàidhlig, agus ann an Ceist 18 ma tha iad a' cleachdadh Gàidhlig san dachaigh aig àm sam bith. Tha sinn cuideachd a' brosnachadh dhaoine gus am foirm a lìonadh sa Ghàidhlig air-loidhne.

Bidh buaidh chudromach aig na figearan sna toraidhean air, chan ann a-mhàin riarachadh ghoireasan airson pròiseactan Gàidhlig agus foghlam Gàidhlig, ach air tuigse dhaoine mu staid a' chànain san fharsaingeachd. Feumaidh sinn dèanamh cinnteach gu bheil gach neach le Gàidhlig a' cunntadh sa Chunntas-sluaigh oir bheir na figearan fianais air am bi sinn a' stèidheachadh ar poileasaidhean agus ar gnìomhan san àm ri teachd. Dh'iarrainn air neach sam bith aig a bheil ceist mu dheidhinn na dh'fheumas iad a dhèanamh, fios a chur gu Bòrd na Gàidhlig agus bidh sinn toilichte comhairle a thairgsinn air an sin."

Deireadh

21mh Màirt 2011

Airson tuilleadh fiosrachaidh, cuiribh fios gu Iain Aonghas MacAoidh air: : 07500 089 661
Làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig: www.gaidhlig.org.uk Faicibh cuideachd: www.mygaelic.com

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



BÒRD NA GÀIDHLIG - PRESS RELEASE - FOR IMMEDIATE USE

MAKING GAELIC COUNT IN THE CENSUS – 21 March 2011

As Census Day, 27 March 2011, approaches Bòrd na Gàidhlig congratulates the Census Office in Scotland on its initiatives to publicise the Census and in particular the questions relating to Gaelic. The Census Office has produced Gaelic/English bilingual leaflets, run workshops to support people to fill their census forms in Gaelic on-line and has posted a case study on its website to demonstrate the use of census data in formulating the National Plan for Gaelic.

Question 16 of the Census gives everyone in Scotland the opportunity to note if they can understand, speak, read or write Gaelic. In Question 18 people can also record the fact that they use Gaelic in the home, as the question asks if people use a language other than English in the home. Each question is relevant to both adults and children, native speakers and learners.

John Angus MacKay, Ceannard (Chief Executive) of Bòrd na Gàidhlig said: “It is very **important** that people inform the Census if they have Gaelic language ability and if they use Gaelic in the home. The patterns of language ability and use in homes throughout Scotland can be very varied, depending on the numbers and ages of people in households, whether there are one, two or more people with Gaelic, or even situations where there are children with Gaelic receiving Gaelic education although others in the household might not have any Gaelic or very little. This complexity makes it even more important that we can map out the real picture so that we and other providers of services and resources can respond effectively.

At a recent meeting the Bòrd stressed the importance of the Census in terms of its implications for Gaelic. In a variety of ways the Bòrd has supported the Census Office in publicising the Census; has urged people to complete the Census form; to record in Question 16 if they have Gaelic language ability, and in Question 18 if they use Gaelic in the home at any time. We also encourage people to complete the form in Gaelic on-line.

The figures which are produced in the results will have a significant bearing on not only the allocation of resources for Gaelic development projects and Gaelic education but also the general perception of the state of the language. We need to make every person with Gaelic count in the census as the numbers will provide evidence on which we will base our policies

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



and actions in the future. I would urge anyone with any questions about what to do to contact Bòrd na Gàidhlig and we will happily offer advice.”

Ends

21st March 2011

For further information, please contact John Angus MacKay: : 07500 089 661

Bòrd na Gàidhlig website: www.gaidhlig.org.uk See also: www.mygaelic.com